

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 4 | 2017 | AN GIBLEAN



Facal Toisich

Tha bliadhnachan mòra a-nis bho thòisich mi a' deasachadh nan Duilleagan Gàidhlig – on bhliadhna 1980. Tha mi air a bhith a' faireachadh bho chionn greis nach eil mi cho òg no cho èasgidh agus a bha mi, agus gu bheil an t-àm aig cuideigin eile an obair a ghabhail os làimh. Tha luchd-deasachaidh *Life and Work* ag iarraidh gun cuir duine sam bith aig am biodh ùidh anns an obair fios thuca. Faodaidh sibh fios a chur gu neach-deasachaidh *Life and Work* air an t-seòladh post-dealain seo – lrobertson@lifeandwork.org

Ged a thug e toileachadh mòr dhomh a bhith anns an dreuchd seo bho chionn còrr is dà fhichead bliadhna, bhiodh e math cuideigin ùr le sealladh ùr agus beachdan ùra a bhith air an stiùir. Rè nam bliadhnachan fhuair mi cùl-taic o iomadach neach-sgrìobhaidh, ann an rosg agus bàrdachd, mòran dhiùbh a tha an-diugh aig an sonas. Bha mìosan ann nuair a bha an stuth gann nuair a thigeadh am post le pasgan de sgrìobhaidhean. Anns an ùine bho thòisich mi tha crìonadh air tighinn air saoghal na Gàidhlig, ged a tha adhbharan misneachaidh ann cuideachd. Chan eil ministearan Gàidhlig agus seirbheisean Gàidhlig idir cho lìonmhor agus a bha iad nuair a thòisich mise anns an dreuchd.

Tha *Na Duilleagan* air atharrachadh agus iad a-nis air am foillseachadh ann an dath agus air loidhne gach mìos, agus 's dòcha gur seo an t-àm airson cuideigin ùr a bhith 'na shuidhe ann an cathair an fhir-dheasachaidh.

**Le taing dhuibh airson gach taic,
Ruairidh MacLeòid**



Anns a' bhitheantas 's e dealbh à Alba a bhios againn an seo, dealbh de dh'eaglais mar as trice. Ach an turas seo 's e sealladh de làraich ann am baile Ephesus, mar a bhiodh iad ri linn Phòil. Mar a chithear anns an dealbh seo than a seann togalaichean a' tarraing mòran luchd-turais a h-uile bliadhna.

Cùil nan Ceist

Nuair a sgrìobh mi seo, bha sinn a' feitheamh ri stoirm.

An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu àiteachan anns a' Bhioball far a bheil iomradh air sìde shocair agus tosdachd.

1. Cò a chonaich na gaothan air Muir Ghalile? (Mata, caibideil 8.)
2. Lìon a' bheàrn seo – “Cuiridh E an ----- gu fèith.” (Salm 107) ---
3. Dè a chaisgeas Dia? (Salm 89)
4. Cò a chuala guth ciùin caol? (1 Rìgh caibideil 19.)

Misneachadh – 4

Misneachadh, sin an cuspair a tha againn mar bhonn co-labhairt anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean.

Chan eil fios againn cuin a bheir rud-eigin a thubhairt sinn no rud-eigin a rinn sinn neart agus cofhurtachd do chuideigin a tha a' cur feum air, 's dòcha gun fhios dhuinne.

Bha an t-Urr. Aonghas Mac a' Bhreatnaich 'na mhinistear ann an Ratharsair agus air tìr-mòr anns an naodhamh linn deug. An latha a bha seo bha cuideigin a bhiodh fo èisdeachd a' mhinisteir air a dhol cho fada sìos 'na inntinn agus nach robh e a' faicinn slighe air adhart ach làmh a chur 'na bheatha. Cha robh e a' faicinn roimhe ach neòil dhorcha. 'Na sheasamh an sin air an tràigh agus e an dùil e fhèin a bhàthadh, chuimhnich e searmon a chuala e o Mhgr. Mac a' Bhreatnaich. Bha e mar gun cluinneadh e guth a' mhinisteir ag ràdh, *Cumhachdach gu teàrnadh*. Cumhachdach gu teàrnadh. Thug na faclan sin air an duine ceum a ghabhail air ais on cheum dhorcha a bha air inntinn. Bha esan lag, ach thog e a shùil ri Aon a tha cumhachdach gu teàrnadh.

Bha feadhainn a choisinn buinn aig na Geamachan Olimpianach an-uiridh ag innse gur e am misneachadh a fhuair iad o chuideigin 'nan òige a bhrosnaich iad gu bhith a' cumail air adhart, a dh'aindeoin chnapan-starraidh, gus an do ràinig iad an ìre aig an robh iad. Gu cinnteach 's e an t-ionnsachadh òg an t-ionnsachadh bòidheach. 'S e am misneachadh òg am misneachadh bòidheach. 'S e fear-teagaisg a bha aig Mo Farah nuair a bha e 'na bhalach a dh'aithnich gu robh tàlant an aige mar lùth-chleasaiche. Canaidh feadhainn a ràinig àrd-ìre ann an dreuchd air choireigin gur e am misneachadh a thug neach-teagaisg dhaibh nuair nach robh cùisean a' dol ro-mhath dhaibh bhrosnaich iad gu bhith a' dèanamh nas fheàrr.

Leabhraichean

Cò an Gàidheal nach eil eòlach air Dòmhnall Meek, mar sgrìobhaiche agus mar sgoilear, mar fhear-eachdraidh agus mar òraidiche? Tha e air iomadh leabhar agus aithisg a thoirt am follais, ann am Beurla agus ann an Gàidhlig.

Ach a-nis tha leabhar fìor-mhath againn a tha a'dearbhadh cho comasach agus a tha an t-Oll. Meek mar bhàrd. Anns an leabhar ùr seo tha dàin againn de dh'iomadh seòrsa agus air iomadh cuspair.

Ged a chuir Dòmhnall seachad mòran bhliadhnan a' teagasg ann an oilthighean ann an Alba agus ann an Sasainn, 's ann an eilean a bhreith, Tiriodh, a tha a chridhe. Bidh e a' cur seachad iomadh latha ann an Tiriodh agus chan eil e 'na adhbhar iongnaidh gu bheil mòran de na duain stèidhichte anns an eilean far an robh iomadh caraaid aige, na cuimhneachain blàtha a tha aige air làithean òige agus air muinntir

Ministearan Ura

Bidh sinn tric a' gearan cho beag agus a tha de dhaoine ag ullachadh airson na ministrealachd agus mar a tha an fheadainn a tha anns an dreuchd a' sìor fhàs nas sinne. Mar sin tha e 'na adhbhar toileachais a bhith a' cluinntinn mu dhithis ann an clèir mu thuath a bhineas don aon choitheanal as-ùr a bhith a' cur crìch air cùrsa na ministrealachd.

Buinidh an t-Urr. Dùghall Wolf do Northumbria agus thàinig e do Leòdhas ann an 1997 co-cheangailte ri obair an dealain. Tha e a-nis air a phòsadh ri coitheanal Bharabhais.

Tha an t-Urr. Gordan MacLeòid, a bhineas do Leòdhas, a-nis suidhichte mar mhinistear-ospadal ann an Leòdhas. Chuir esan bliadhnan seachad aig muir anns a' chabhlach rìoghail agus an lùib obair na h-ola.

Tha sinn a' guidhe beannachd Dhè do Mhgr. Wolf agus do Mhgr. MacLeòid anns na dreuchdan a tha iad a' gabhail os làimh.

Naidheachd Inntinneach

Fhuair sinn an naidheachd seo on Urr. Iain Mac a' Ghobhainn ann an Uibhist a Tuath a bha sinn a'smaoineachadh a chòrdadh ris an luchd-leughaidh.

Chuir cuideigin a bhiodh a' frithealadh na h-eaglais gu cunbhalach gu fear-deasachaidh pàipear-naidheach a' gearan nach robh e a' dèanamh feum a bhith a' dol don eaglais a h-uile Sàbaid. Sgrìobh e, "Tha mi air a bhith a' dol don eaglais fad deich bliadhna fìchad a-nis, agus anns an ùine sin chuala mi suas ri 3000 searmon. Ach a dh'inne na fìrinn, chan urrainn dhomh cuimhne a chumail air aon dhiùbh. Mar sin, tha mi a' smaoineachadh nach eil mi ach a' dèanamh ana-caitheamh air m'ùine agus tha teachdearan a' dèanamh ana-caitheamh le bhith a' toirt seachad shearmon."

Dh'abhraich sin mòran coimhstri ann an colbh nan litrichean, rud a thug toileachadh don fhear-dheasachaidh. Mhair seo grunn sheachdainean gus an do sgrìobh cuideigin a chaidh gu snag na cùise: "Tha mise air a bhith pòsda deich bliadhna fichead a-nis. Anns an

**Sreathan anns a' Ghainmhich
Bàrdachd, Duanagan is Orain
Dòmhnall Eachann Meek
(Air fhoillseachadh le Acair. £11.99)**

an eilein. Tha na roinnean eadar-dhealaichte anns an leabhar ag innse mu na cuspairean, eirmseach agus sòlaimte, leis a bheil am bàrd a' dèiligeadh – Ceangal is Co-chomann, Breithneachadh is Fèin-eòlas, Na Càirdean a bh'Ann, Cànan is Dualchas, Abhachdas, Aoir is Fealla-dhà, Coimhearsnachd is Eaglais, Cladaichean is Bàtaichean, Caochladh is Call, Alba, Moladh is Marbhrann, Pàrantan is Dlùth-choimhearnaich, Coigrich is Coimheachas. Tha na marbhrainn gu sònraichte drùidhteach.

Còrdaidh an leabhar bàrdachd seo ri Gàidheil air feadh an t-saoghail agus gheibh iad iomadh uair de thoileachadh ann a bhith ga leughadh. Tha fios gum bi fèill mhòr air. Chaidh an leabhar a chlà-bhuladh anns a' Phòlainn, agus 's e obair ghrinn a rinn na clò-bhualadairean agus an luchd-deasachaidh.

ùine sin tha mo bhean air suas ri 32,000 tràth-bidh a dheasachadh. Ach a dh'innse na firinn, cha chuimhnich mi air na bha air aon de na bidheannan sin. Ach tha mi cinnteach à seo: thug iad uile beathachadh dhomh agus thug iad an neart dhomh air an robh mi a' cur feum airson m'obair a dhèanamh. Mura biodh mo bhean air na bidheannan sin a thoirt dhomh, bhithinn marbh gu corporra an-diugh."

Annas an dòigh cheudna, mura bithinn air a dhol don eaglais airson beathachaidh, bhithinn marbh gu spioradail an-diugh!"

Searmon Beag

Is e Dia a thubhairt ris an t-solas soillseachadh à dorchadas a dhealraich ann ar cridheachan-ne, a thoirt solas eòlas Dhè ann an gnùis Iosa Crìosd. (2 Corinianaich 4:6)

Nuair a thig an t-Seann Bhladh Ur, bhiodh ar sinnsearan ag ràdh gu robh cas-cheum coilich air a chur ris an latha. Chan eil ann ach atharrachadh beag, ach aithnichidh sinn gu bheil solas an latha a' sior fhàs nas fhaide.

Tha luchd-rannsachaidh a' déanamh a-mach gum faod buaidh a bhith aig solas agus dochadas air inntinn cuid de dhaoine. Bidh feadhain a tha buailteach a bhith a' fulang le truimead inntinn a bhith a' faireachadh nas dubhaiche ri làithean dorcha a' gheamhraidh. Fairichidh sinn nas sunndaiche nuair a thig an samhradh no co-dhiùbh làithean an earraich.

Chuala sinn an-diugh na faclan leis a bheil am Bioball a' fosgladh. Air tùs, tha sinn a' leughadh, bha an saoghal gn dreach agus gun dealbh. Bha e air a chòmhdach le dorchadas. Ach labhair guth a' Chruthaidheir le ùghdarras, Biodh solas ann; agus bha solas ann.

Tuigidh sinn uile cho luachmhor agus cho feumail agus a tha an solas. As aonais an t-solais cha b'urrainn dhuinn tuiginn beò anns

an t-saoghal. 'S e saoghal dorcha a bhiodh ann. 'S e beatha dhorcha a bhiodh againn mura biodh solas anns an t-saoghal.

As aonais solais cha bhiodh fàs air an talamh. Tha feum aig na lusan agus na craobhan a tha a' fàs air solas. Tha sin fìor gu spioradail cuideachd. Ma tha sinn gu bhith a' fàs ann an gràs agus an an eòlas, mar a tha Pòl ga chur, tha feum againn air solas an Spioraid, air solas nan Sgrìobtar.

Tha feum againn air solas airson an t-slighe a shealltainn dhuinn. Mura biodh ann ach saoghal dorcha cha b'urrainn dhuinn a bhith a bhith beò anns an t-saoghal. Ach tha iomadh seòrsa ann airson ar treòrachadh. Ri solas an latha thèid aig daoine air an obair a dhèanamh. Tha solais ann ann a sheallas do mharaithean càit a bheil na h-àiteachan sàbhailte agis càit a bheil na cunnartan. Ged a bhiodh a oidhche ann tha solais againn air na sràidean, rud a chuireadh iongnadh air ar n-athraichean.

Thubhairt Iosa, Is mise solas an t-saoghail: an tì a leanas mise, cha siubhail e ann an dorchadas ach bidh solas na beatha aige.

Nuair nach robh na deisciobail a' leantainn ann an cas-cheuman Chrìosd, nuair nach robh iad a' toirt ùmhachd da fhacal, bhiodh iad a' siubhal ann an dorchadas. Ach nuair a bha iad a' fantainn dlùth dhàsan bha iad air an t-slighe cheirt.

'S ann air cruthachadh an t-saoghail a bha Pòl a' smaoinneachadh nuair a sgrìobh e ar ceann-teagaisg. An Dia a thubhairt air tùs, Biodh solas ann, tha E fhathast ag obair airso solas a sgoaoleadh air feadh an t-saoghail. Tha fios againn gu bheil iomadh rud dorcha anns an t-saoghal aimhreiteach anns a bheil sinn beò. A h-uile latha tha sinn a' cluinntinn mu mhort agus mu mharbhadh, mu uabhas agus mu làmhachas-làidir. Anns a' Bhioball tha an solas an còmhnaidh 'na shamhladh agus 'na chomharradh air a h-uile nì a tha math agus brèagha agus Crìosdail. Tha an dorchadas a' comharrachadh a h-uile suidheachadh a tha olc agus grànda agus mì-dhiadhaidh.

Is solas Dia agus annsan chan eil dorchadass sam bith. 'S e ar n-ùrnaigh agus ar dùrachd gum faic sinn nas motha agus nas motha an solas a' toirt buaidh air an dorchadas.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "A bhean, carson a tha thu a' gul?" Tha na faclan sin againn ann an Soisgeul Eòin, anns an fhicheadamh caibideil, aig an treas rann deug, (Eòin 20:13.) Chuir an dà aingeal a' cheist sin air Moire. Carson a bha i a' gul? Bha an uaigh falamh agus cha robh sgeul air Iosa. Ach chunnaic Moire Iosa agus rinn i gàirdeachas. Cha robh Iosa marbh. Thug E buaidh air a' bhàs. Sin teachdaireachd na Càisge am biadhna agus a h-uile bliadhna.

Air a' mhìos seo bidh seirbheisean Càisge air feadh Alba, agus gu dearbh, air feadh an t-saoghail. Bidh cuid de na seirbheisean sin ann an Gàidhlig, no bidh pàirt den t-seirbheis ann an cànan nan Gàidheal. Chan eil e gu diofar dè a' chainnt anns a bheil an t-adhradh, 's e an aon teachdaireachd a tha a bhios anns gach eaglais – "Tha an Tighearna air èirigh da-rìreabh. Shlugadh suas m bàs le buaidh." Gu robh làthaireachd Dhè mothachail anns gach seirbheis.

Seanfhacal airson na mìos seo: "Ge b'e mar a bhios an t-sian, cuir do shìol anns a' Mhàrt." (Whatever the weather be, sow your seed in March.) 'S e facal glic a tha seo ann an iomadh dòigh. Tha àm freagarrach airson a bhith a' cur an t-sìl. Chan eil e math a bhith ga fhàgail ro fhada. Tha am Bioball ag innse dhuinn gu bheil e glic a bhith a' déanamh ullachaidh, gu h-àraidh ann an rudan spioradail. Tha Pòl a' sgrìobhadh gur a a-nis an t-àm taitneach, gur e a-nis latha na slàinte

28 An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaighe.
2 Agus feuch bha crith-thalmhainn

Nuair a sgrìobh mi seo bha muinntir na side ag ràdh gu robh stoirm air faire. Bhiodh gaith mhòr ann an cuid de sgìrean. Bha dùil ri sneachd air na beanntan. Nuair a tha rabhadh againn faodaidh sinn ullachadh a dhèanamh. Tha iomradh anns a' Bhioball air stoirmean a rinn milleadh. Thàinig feadhainn dhiùbh sin gun dùil riutha. Bha an t-abstol Pòl tric ann an droch shìde aig muir. Ach cha do chail e a mhisneachd ged a bha e tric ann an cunnart.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall's a-Bhos

RANN

Chan fhuil ghobhar no tharbh,
Bheir den anam air falbh a' phlàigh;
Ach fuil phrìseil an Uain
Chaidh a reubadh gun truas gun bhàigh;
Seall, O m'anam, a suas,
'S faic E fulang le buaidh nad àit';
Cuir do dhòigh ann gu lèir,
'S bi ga leanachd 'le eud gach là.

Sin mar a sgrìobh am bàrd Iain MacGhilleathain mu theachdaireachd na Càisge, a' guidhe air càch an dòchas a chur ann an èifeachd fuil an Uain.

DUSGAIDHEAN GAIDHEALACH

Anns na ginealaichean a dh'fhalbh bha iomadh ath-bheòthachadh spioradail am measg nan Gàidheal a rinn làrach air beatha na h-Eaglais. Aig toiseach a' Mhàirt chualas òraid le air a' chuspair seo ann an Colaisde na Diadhaireachd ann an Inbhir Pheofharain leis an fhear-eachdraidh Tòmas Lennie.

FEAR-DEASACHAIDH

Bha sinn toilichte dà aithisg inntinneach a leughadh ann am pàipear Dhùn Eideann mun Urr. Iain MacRuairidh a bha 'na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig* eadar 1887 agus 1907 agus Bha Mgr. MacRuairidh air a mheas 'na latha air sgrìobhadar rosg cho ealanta agus a bha a' clò-bhualadh ann an Gàidhlig.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Iosa. 2. ---doineann. 3. Na tonnan. 4. Eliah.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear uaireigin nach ro-àrd agus an latha a bha seo sheas e air oir a' ghùin agus chaidh e car a' mhuillteain a-steach don chùbaid. Dh'èirich e air a chasan, agus thubhairt e, "Ma tha coigrich anns a' choitheanal an-diugh bu toigh leam a ràdh nach e seo idir an dòigh àbhaisteach a tha agam air a bhith a' dol a-steach don chùbaid."

Urnaigh

A Dhè Uile-chumhachdachdaich,
air a' mhìos seo agus sinn a' cumail cuimhne
air bàs agus aiseirigh an Tighearna
Iosa Crìosd,
tha sinn a' toirt taing dhut airson nam
beannachdan a tha againn
a chionn gun d'fhuair E bàs air ar son
agus gun do dh'èirich E a-rithist le buaidh.
Glòir dhut gun do cheannsaich Esan
cumhachd a' pheacaich
agus cumhachd a' bhàis agus gun faod sinne
compàirt
a bhith againn anns a' bhuidhe-làraich
a choisinn Esan.
Amen

An dealbh air an aghaidh:
Tha facal ann a tha ag ràdh,
"Anail a' Ghàidheil am mullach."
Anns an dealbh seo chì sibh
luchd-streap air mullach beinne air Ghàidhealtachd.
Bha fear de na streapadairean
air crìoch a chur air na "Rothaich" air fad a dhireadh an latha sin fhèin.